

**Dìreadh a-mach ri Beinn Shianta – An Lighiche Iain MacLachlainn**

Dìreadh a-mach ri Beinn Shianta,  
Gur cianail tha mo smuaintean,

As I climb up towards Ben Shiant,  
My thoughts are filled with sadness,

*Sèist:* Bheir mi ho-rò le lò,  
O! Hò, na daoine truagha!  
Bheir mi ho-rò le lò.

*Refrain:* Bheir mi ho-rò le lò,  
O! Hò, the poor people!  
Bheir mi ho-rò le lò.

A' faicinn na beinne na fàsach  
'S i gun àiteach air a h-uachdar;

Seeing the mountain as wilderness,  
With no cultivation on its surface.

Sealltainn a-sìos thar a' bhealaich,  
'S ann agamsa tha 'n sealladh uamhraidh\*.

As I look down over the pass,  
What a fearful\* view I have!

'S lìonmhor bothan bochd gun àird air  
Air gach taobh nan làraich uaine,

So many poor cottages in disarray,  
In green ruins on each side,

Agus fàrdach tha gun mhullach  
Is na thulaich aig an fhuaran.

And houses without a roof,  
In heaps by the water-spring.

Far an cruinneachadh na h-àrmainn,  
Feuch a' chaora bhàn le h-uan ann.

Where the heroes used to gather,  
Behold the white sheep and her lamb there.

Ach, fhir shanntaich rinn an droch-bheairt,  
Liuthad teaghlach bochd a ghluais thu;

But, covetous perpetrator of the evil deed,  
How many families you have removed;

'S iomadh dilleachdan tha 'n ganntar  
Agus bantrach a tha truagh leat;

There are many orphans in hardship  
And widows in poverty because of you;

An ceannaich thu le beairteas tròcair?  
Cha dèan òr gu bràth a bhuannachd.

Will you purchase mercy with wealth?  
Gold will never buy it for you.

Ge be àite am faigh iad fearann,  
Mìle beannachd leis na ghluais thu.

Wherever they can find land,  
A thousand blessings be on those you evicted.

Thàinig duibhre air an iarmailt,  
'S cuiridh mise crìoch rim dhuaig.

The sky has darkened,  
And I shall now conclude my little poem.

Bàrdachd & translation from *Tuagh is Tighearna* (Prof. Donald E. Meek, 1995  
Scottish Gaelic Texts Society). 8 Further verses can be found therein.

\*"fuaraidh" ("chilling") in *Tuagh is Tighearna*.